

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

Total

**1220/403**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2008

WEDNESDAY, 28 MAY  
10.50 AM – 11.30 AM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Sàr Ìre  
Leughadh

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**

**Tha Earrann A agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.**

**Tha Earrann B agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.**



## EARRANN A

O chionn bliadhna no dhà thachair mi ris an fhear seo ann an Glaschu. Bha e ag ràdh rium gur e an aon mhiann a bha aige bàrdachd a sgrìobhadh agus, nuair a chuala e gur e bàrd a bh' annam, bha e airson beagan de sgrìobhaidhean a shealltainn dhomh. A-nise, 's e fear a bha ann a bha a' coimhead truagh is bochd agus bha dòchas agam fhìn gum biodh a' bhàrdachd aige math oir bha e soilleir nach robh nì eile aige na bheatha. Ach nuair a sheall e a bhàrdachd dhomh, chunnaic mi anns a' bhad nach robh feum air thalamh innte agus bha a stuth gun susbaint sam bith.

Co-dhiù, thuirt mi ris gun leughainn a chuid bàrdachd aig an taigh le barrachd cùraim agus thòisich e an uair sin ag innse dhomh mu dheidhinn a bheatha.

“Uill,” thòisich e, “thàinig mi dhachaigh bho m' obair aon oidhche agus bha mo bhean air sanas fhàgail air cùl an dorais. Bha i ag ràdh rium gun robh i a' dol gam fhàgail. Agus, b' e sin a rinn i. Mus do dh'fhàg i, fhuair i leth-cheud not air iasad o mo charaid is bha fios agam nach fhaiceadh e an t-airgead tuilleadh. Bha an fhearg gam dhalladh is an dubh eagal gam lionadh a' smaoinichadh air ciamar a b' urrainn dhomh mo bheatha a chur seachad nam aonar.”

Lean e air. “Beagan an dèidh sin, chaidh briseadh a-steach do mo thaigh dà thuras. Chan ann ann an sgìre spaideil ann an Glaschu a tha mi a' fuireach idir agus, ged a bhithinn airson an taigh a reic, saoilidh mi nach eil duine ann a cheannaicheadh e. A' chiad turas, cha do ghlac mi am mèirleach idir ach an ath thuras, fhuair mi grèim air agus theab mi a mharbhadh. Nuair a thàinig a' chùis gu cùirt, 's mise a fhuair rabhadh bhon bhrìtheamh nach robh còir agam mo làmh a thogail ri duine sam bith, ged a bha an duine a' goid às mo thaigh. Tha sin a' tachairt ro thrì anns na làithean a tha ann. Cha mhòr gun robh mi ga chreidsinn. Co-dhiù, chaidh binn a chur orm agus seach nach robh an t-airgead agam an càin a phàigheadh, dh'aontaich mi a dhol dhan phrìosan airson trì seachdainean.”

**CEISTEAN**

1. Cuin a thachair an sgrìobhadair ris an duine eile?

---

**1**

2. Ciamar a chuir an sgrìobhadair eòlas air an toiseach?

---

---

---

**3**

3. Cò ris a bha an duine coltach?

---

---

**2**

4. (a) Dè an dòchas a bha aig an sgrìobhadair?

---

**1**

- (b) Carson a bha an dòchas sin aige?

---

**1**

5. Carson a fhuair an sgrìobhadair briseadh-dùil?

---

---

**2**

6. Dè an naidheachd a bha a' feitheamh ris an duine nuair a fhuair e dhachaigh bho obair aon oidhche?

---

**1**

**[Tha ceistean 7, 8, 9, 10, 11 agus 12 air duilleag a ceithir]**

7. Carson a bha an duine draghail mu a charaid?

---

---

2

8. Tagh abairt a tha a' sealltainn gun robh e gu math teagmhach mu bhith na aonar.

---

1

9. Carson a bha dragh aige mun taigh aige ann an Glaschu?

---

---

---

3

10. Dè thachair an dara turas a bhris cuideigin a-steach dhan taigh aige?

---

---

2

11. Dè thuirt am brìtheamh nuair a thàinig a' chùis gu cùirt?

---

---

2

12. Dè thachair nuair a chaidh binn a chur air?

---

---

---

---

4

(25)

**[Tionndaidh an duilleag airson Earrann B**

## EARRANN B

“Anns a’ phrìosan, choinnich mi ri mòran dhaoine a bha brùideil agus aineolach. Bhris fear m’ fhiacian, leum fear eile orm le sgian. Bhris fear eile mo shròn agus chaidh m’ aodach a mhilleadh. Bha e dìreach mar gum biodh tu ann an coille am measg bheathaichean fiadhaich.

Fhad ’s a bha mi anns a’ phrìosan, bha fhios agam gun robh mo mhàthair a’ bàsachadh le aillse. Air an adhbhar sin, bha mi airson cleith dè thachair dhomh. Thuirt mi gun robh mi air làithean-saora oir bha i riamh a’ moladh dhomh gun robh còir agam an Spàinn fhaicinn. Bha m’ athair cuideachd tinn oir bha e air grèim-cridhe a ghabhail nuair a bha e a’ cladhach anns a’ ghàrradh aon latha.”

Cha do choinnich mi riamh ri fear a bha cho mì-fhortanach ris an duine bho chd seo.

“Cha do dh’fhairich mi riamh cho ìseal ris an latha a thàinig mi a-mach às a’ phrìosan agus a thuig mi gun robh cuideigin air mo chàr a ghoid agus air a chur na theine. Theab mi mo thoinisg a chall. Bha mi a’ falbh air feadh nan sràid ag èigheach is a’ sgrìachail. Fhuair mi mi fhìn aig pàrtaidh is bhon a bha mi air deoch làidir agus drogaichean a ghabhail, bha mi a’ faireachdainn gun robh comas agam rud sam bith a dhèanamh. Bha mi den bheachd gun robh sgiathan orm is nach tachradh càil dhomh nan leumainn a-mach air an uinneig. Bha seo a’ cur dragh air mòran dhaoine mum thimcheall ach bha fear eile ann a bha a’ toirt taic dha mo bheachd agus a bha deònach airgead a thoirt dhomh nan tuitinn sàbhailte air an rathad. Rinn mi e agus is ann a leòn mi mo cheann nuair a thuit mi air a’ chabhsair gu h-ìseal.”

Fhad ’s a bha an duine truagh a’ bruidhinn, bha mi a’ feuchainn ri smaoinichadh air cò ris a bhiodh e coltach a bhith mar seo. Ciamar a bha an duine seo beò? Ciamar a bha e ag èirigh a h-uile madainn?

Agus a bharrachd air sin, bha truas agam ris oir cha b’ aithne dha bàrdachd a sgrìobhadh a dh’aindeoin na bha air tachairt dha. Bha beatha cho làn is cho aognaidh aige is bha e den bheachd gum biodh tàlant gu feum dha, mar leigheas dha airson gach trioblaid a bha aige. Thug mi leabhar TS Eliot dha agus dh’iarr mi air rudeigin a sgrìobhadh coltach ri sin. Cha d’ fhuair mi ach briseadh-dùil an ceann seachdain nuair a thill e le bàrdachd a bha a cheart cho truagh is a bha i roimhe!

## CEISTEAN

1. Ainmich trì rudan a thachair dha fhads a bha e anns a' phrìosan.

---

---

---

3

2. Carson a bha e airson cleith bho mhàthair dè bha air tachairt dha?

---

1

3. Dè bha ceàrr air athair aig an àm?

---

---

2

4. Dè fhuair e a-mach an latha a thàinig e às a' phrìosan?

---

---

2

5. Tagh abairt a tha a' sealltainn gun robh an duine seo a' dol às a rian.

---

1

6. Minich mar a bha buaidh aig an deoch làidir is na drogaichean a ghabh e aig pàrtaidh air.

---

---

---

---

4

[Tha ceistean 7, 8, 9, 10, 11 agus 12 air duilleag a seachd

7. Ciamar a tha e follaiseach gun robh e ceàrr na bheachd?

---

---

2

8. Dè na ceistean a bha an sgrìobhadair a' faighneachd dha fhèin mun duine seo?

---

---

---

3

9. Carson a bha truas aig an sgrìobhadair ris?

---

---

2

10. Ciamar a bha an duine den bheachd gun robh tàlant gu bhith gu feum dha?

---

---

2

11. Dè rinn an sgrìobhadair airson cuideachadh a thoirt dhan duine eile?

---

---

2

12. Ciamar a fhuair an sgrìobhadair briseadh-dùil nuair a thill an duine an ceann seachdain?

---

1

**(25)****[50]**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

C

--

Total Mark

**1220/408**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2008

WEDNESDAY, 28 MAY  
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Sàr Ìre  
Èisteachd (Ceistean)

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Tha an dà earrann air an toirt às an aon iomradh.

Cluinnidh tu gach earrann dà thuras.

An dèidh dhut an earrann a chluinntinn an dara turas, freagair na ceistean air an earrainn sin.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh fhad 's a tha thu a' cluinntinn nan earrann.

Sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**CEISTEAN****Pàirt 1**

1. Dè am prògram a tha an luchd-èisteachd a' cluinntinn?

---

**1**

2. (a) Dè chluinneas an luchd-èisteachd anns an dàrna leth den phrògram?

---

---

**2**

(b) Dè chluinneas iad ron sin?

---

**1**

3. (a) Dè thachair Diluain sa chaidh?

---

**1**

(b) Cia mheud turas a tha sin air tachairt?

---

---

**1**

(c) Innis gu mionaideach dè bha aig na co-fharpaisich ri dhèanamh?

---

---

---

**3**

(d) Cia mheud neach a ghabh pàirt?

---

**1**

4. (a) Dè ghabh àite ann an Glaschu Diciadain?

---

**1**

(b) Cò bha a' cluich?

---

---

**2**

(c) Carson a bha an tachartas seo cudromach?

---

---

---

**3**

(d) Dè a' bhuaidh a bha aig Seumas Caimbeul?

---

---

**2**

(e) Dè an suidheachadh anns a bheil na h-Albannaich a-nise?

---

---

**2**

5. (a) Cò tha ann am Martine Black?

---

**1**

(b) Carson a tha i sna naidheachdan?

---

---

---

**3**

(c) Dè dh'fhaodadh tachairt dhi?

---

**1****(25)**

**[Tionndaidh an duilleag**

## CEISTEAN

### Pàirt 2

1. (a) Dè cho tric 's a bhitheas na gèamannan iomain seo a' tachairt?

\_\_\_\_\_

1

- (b) Dè tha air a ràdh mu iomain mar spòrs eadar-nàiseanta?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

2. Dè tha air a ràdh mun tiogaid a cheannaich Coinneach?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

3. (a) Dè sheall an gèam fo aois aon air fhichead?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

- (b) Ciamar a chrìochnaich an gèam sin?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

4. (a) Dè tha air innse mu staid gèam nam boireannach ann an Alba?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

3

- (b) Dè thachair airson a' chiad uair an-uiridh?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

5. (a) Innis mun ghèam a ghabh àite an-uiridh eadar prìomh sgioban nam fireannach.

---

---

2

(b) Dè an t-atharrachadh a chaidh a dhèanamh air sgioba na h-Alba a chluich an-dè?

---

---

---

3

6. (a) Cò ris a bha an t-sìde coltach tron latha an-dè?

---

---

2

(b) Ciamar a thug sin buaidh air a' ghèama?

---

---

2

(25)

[50]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**



**1220/409**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2008

WEDNESDAY, 28 MAY  
3.45 PM – 4.15 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Sàr Ìre  
Èisteachd (Earrann)

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



**Passage A should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2 minutes.)**

## **EARRANN A**

### **Pàirt 1**

'S e madainn Disathairne a tha ann 's tha luchd-èisteachd *Radio nan Gàidheal* a' cluinntinn na leanas.

Tha e leth-uair an dèidh naoi agus seo *Spòrs na Seachdain* le Iain MacAoidh.

Fàilte oirbh uile gu prògram trang an latha an-diugh. Anns an dàrna leth den phògram, bheir sinn sùil air ais air na geamannan iomain a chaidh a chluich an-dè ach, an-dràsta, tòisichidh sinn le na prìomh naidheachdan spòrs.

Diluain sa chaidh, ghabh Farpais Taobh Siar na Gàidhealtachd àite. Seo an deichead bliadhna den tachartas seo anns am feum na co-fharpaisich ruith airson deich mìle, siubhal air baidhsagal airson fichead mìle agus snàmh airson leth-mhìle. Ghabh còrr air ochd ceud pàirt am-bliadhna le Iain Greumach à Dùn Deagh a' buannachadh aig a' cheann thall.

'S e latha mòr a bha ann an Glaschu Diciadain, le sgioba ball-coise na h-Alba a' cur fàilte air sgioba na Danmhairg. 'S e gèam air leth cudromach a bha seo 's fios aig na h-Albannaich gum feumadh iad a' chùis a dhèanamh ma bha cothrom gu bhith aca faighinn gu Cuach na Cruinne. Le còig mionaidean air fhàgail, bha an dà sgioba co-ionann nuair a thàinig Seumas Caimbeul far na beinge airson tadhal fhaighinn do dh'Alba. Tha na h-Albannaich a-nise san dàrna àite sa bhuidhinn – dà phuing air dheireadh air an Spàinn.

Mu dheireadh, thàinig e am follais Dihaoine gu bheil Martine Black, am boireannach as luaithe san t-saoghal, fo chasaid gun robh i a' gabhail dhrogaichean nuair a ruith i ann an Sasainn na bu tràithe sa mhìos. Tha Black air a dhol às àicheadh gu bheil firinn sam bith sa chùis ach, ma thèid a' chasaid a dhearbhadh, thathas a' tuigsinn gun tèid a tilgeil a-mach às an spòrs.

**After the second reading of Passage A, wait for 5 minutes, and then read Passage B.**

**Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2  $\frac{1}{2}$  minutes.)**

## **EARRANN B**

### **Pàirt 2**

Tha luchd-èisteachd *Radio nan Gàidheal* a-nise a' cluinntinn an dàrna leth den phrògram.

Chaidh trì geamannan iomain a chluich an-dè ann an Èirinn. 'S e geamannan bliadhnail a bha seo eadar Èirinn agus Alba, an dà dhùthaich a-mhàin san t-saoghal a tha ris an spòrs.

Seo Coinneach MacMhathain le aithris air na thachair:

Uill, abair gun d' fhuair mi bargan nuair a cheannaich mi tiogaid luach naoi nota deug a thug cothrom dhomh a dhol gu na trì geamannan iomain a bha air an cluiche an-dè.

'S e an gèam fo aois aon air fhichead a ghabh àite sa mhadainn. Chunnaic sinn anns a' ghèam seo sàr sgilean na h-òigridh a tha a' tighinn troimhe an-dràsta. 'S e glè bheag a dhealaich an dà sgioba agus, aig deireadh a' ghèam, bhuannaich na h-Èireannaich naoi gu seachd.

Air an fheasgar, 's e cothrom nam boireannach a bha ann. Ann an Alba, tha a-nise còrr air deich sgioban ann an liog nam ban agus tha e follaiseach gu bheil an spòrs a' dèanamh adhartas. An-uiridh, bhuannaich an sgioba Albannach an aghaidh na h-Èireann airson a' chiad uair. An-dè, thàinig iad faisg air an dearbh rud a dhèanamh a-rithist ach bha an dà sgioba co-ionnan aig a' cheann thall.

Chaidh an gèam eadar prìomh sgioban nam fireannach a chluich aig deireadh an latha agus nochd sluagh mòr dha choimhead. Chaidh atharrachadh mòr a thoirt air sgioba na h-Alba a chaill ceithir gu dhà ann an Inbhir Nis an-uiridh. Gu dearbh, thòisich sianar an-dè nach do chluich a-riamh airson na prìomh sgioba. Bha an t-uisge trom a bha air tuiteam tron latha agus a' ghaoth làidir air droch mhilleadh a dhèanamh air a' phàirc agus mar sin cha deach gèam cho sgileil fhaicinn. Ach, tha sinn air a bhith cleachdte ri droch shìde thairis air na bliadhnachan. Chan e gun do chuir sin dragh sam bith air na h-Albannaich a bhuannaich an gèam ochd gu ceithir.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

**[DUILLEAG FHALAMH]**